

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Please scroll down for English Version

04/04/2017

Buill Ùra do Bhòrd na Gàidhlig

Chaidh ceathrar bhall ùra a chur an dreuchd mar Bhuill air Bòrd na Gàidhlig leis an Leas Phrìomh Mhinistear John Swinney. 'S iad na buill ùra Ailean Caimbeul, Fiona Dunn, Jennifer Gilmour agus Màiri Anna NicUalraig.

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh ann an 2005 fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus 's e am buidheann poblach le dleastanas airson cànan, cultair agus foghlam na Gàidhlig a bhrosnachadh an Alba. Am measg an dreuchdan reachdail tha foillseachadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus a bhith ag obair còmhla ri buidhnean poblach gus Planaichean Gàidhlig a leasachadh. Stèidhichte ann an Inbhir Nis, tha am Bòrd a' riarachadh £5.1m de mhaoineachadh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun Bhòrd aig www.gaidhlig.scot.

Thuir Mgr Swinney:

“Tha mi air leth toilichte fàilte a chuir air Ailean, Fiona, Jennifer agus Màiri Anna gu Bòrd na Gàidhlig. Bidh an raon de sgilean agus de dh’eòlas a th’ aca luachmhor don Bhòrd agus don amas gus crìonadh na Gàidhlig a lughdachadh.

“’S e àm cudromach a th’ ann do Bhòrd na Gàidhlig agus iad a’ sireadh bheachdan air an treas Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2017 – 2022. A bharrachd air seo, sa bhliadhna a dh’fhalbh thòisich na cumhachan Gàidhlig de dh’Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, dh’fhoillsich am Bòrd Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig agus tha tràth-ionnsachadh tràth agus cùram cloinne a’ fàs bho 600 uair gu 1140 uair ro 2020.”

Tha **Ailean Caimbeul** air a bhith gu mòr an-sàs ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig airson barrachd air 40 bliadhna. Bha e na chomhairliche sònraichte do Bhuidheann Comhairleachaidh Ministereil na Gàidhlig. Bha e na Cheannard air Bòrd na Gàidhlig (Alba),

am buidheann a bh' ann ron Bhòrd làthaireach, agus chum e air na Cheannard nuair a chaidh a stèidheachadh ann an 2005. Fhuair e Dotaireachd Urramach ann an 2008 bho Oilthigh Obar Dheathain airson na tha e air cuir ri leasachadh na Gàidhlig, agus ann an 2010 chaidh ainmeachadh mar Thosgair na Gàidhlig le Riaghaltas na h-Alba. A bharrachd air eòlas air leasachadh na Gàidhlig, tha Ailean a' toirt eòlas air margaidheachd, leasachadh eaconomach agus coimhearsnachd, agus craoladh dhan Bhòrd. Tha Ailean an-diugh na bhall co-thaghte air Comataidh nan Togalach is an Iomhais aig Sabhal Mòr Ostaig, na Cheann-cinnidh Urramach de Chomunn Gàidhlig Inbhir Nis agus chaidh ainmeachadh o chionn ghoirid mar Cheann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich.

Tha **Fiona Dunn** na h-eòlaiche air leasachadh agus poileasaidh na Gàidhlig le pailteas de dh'eòlas ann a bhith libhrigeadh iomairtean leasachadh cànan anns na raointean poblach agus foghlam àrd-ìre. B' i Fiona a' chiad neach aig an robh dreuchd Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig ann am foghlam àrd-ìre na h-Alba ann an 2009 agus tha i air a bhith na stiùiriche air buidhnean Gàidhlig leithid Comunn na Gàidhlig agus An Lòchran. Fhuair Fiona Duais airson Iomairt san Àite-obrach ann an 2013 aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba airson a h-obair aig Oilthigh Ghlaschu.

Tha **Jennifer Gilmour** na stiùiriche-cluiche aig Cròileagan Dhùn Èideann. Dh'ionnsaich Jennifer Gàidhlig, agus cheumnaich i o chionn ghoirid le BA ann an Gàidhlig agus Leasachadh bho Shabhal Mòr Ostaig. Tha Jennifer na ball air comataidh Chomann nam Pàrant Dhùn Èideann agus bha i na neach-tionail na buidhne airson dà bhliadhna rè na h-iomairt soirbheachail gus sgoil Ghàidhlig a stèidheachadh an Dùn Èideann. Tha Jennifer an-dràsta a' leasachadh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Èideann agus tha i air comataidh Mòd Ionadail Dhùn Èideann.

'S e Gàidheal bhailteil a th' ann am **Màiri Anna NicUalraig**. Rugadh agus thogadh i ann an àrainneachd ioma-chànanach, ioma-chànanach taobh a deas Ghlaschu. Tha i na neach-ciùil agus na craoladair, agus tha stiùidio clàraidh còmhnaidheach soirbheachail aice agus leis an duine aice, riochdaire agus neach-ciùil Nick Turner. Tha eòlas aice cuideachd air naidheachdan agus cùisean làitheil, bhon àm aice a' ruith an t-seirbheis naidheachdan Gàidhlig aig a' BhBC. Tha a h-obair cruthachail fhèin a' cur a' Ghàidhlig ann an suidheachadh ùr agus cruthachail, agus tha a h-ùidhean sònraichte aig a' Bhòrd co-cheangailte ri bhith glèidheadh agus a' tàladh air ais luchd-labhairt na Gàidhlig, luchd-ionnsachaidh agus dùthchasach, agus ri leasachadh sgilean cànan ann an dòigh chruthachail.

Thuir Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnallach: “Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh fàilte a chur air na ceithir Buill ùra a th' air tòiseachadh aig Bòrd na Gàidhlig. Tha Ailean, Fiona, Jennifer agus Màiri Anna a' tighinn thugainn le farsaingeachd de sgilean is eòlas spèisealta leithid sgilean a thaobh obair leasachaidh aig ìre coimhearsnachd agus a thaobh craolaidh, agus eòlas air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig. Bidh na Buill ùra a' neartachadh a' Bhùird aig àm nuair a tha sinn ag ullachadh a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig airson 2017-2022, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla riutha sna mìosan agus sna bliadhnaichean ri thighinn. 'S e àm gu math inntinneach agus dòchasach a th' ann don chànan an-dràsta nuair a tha an t-iarrtas airson foghlam Gàidhlig a'

sìor dhol am meud gach bliadhna agus nuair a thathar a' foillseachadh barrachd is barrachd Phlanaichean Gàidhlig air feadh na h-Alba; agus tha an àireamh de luchd-amhairc a th' aig BBC ALBA agus de luchd-èisteachd a th' aig BBC Radio nan Gàidheal na adhbhar misneachd mhòir dhuinn."

Bidh gach ball air a' Bhòrd airson ceithir bliadhna agus bidh an ùine aca a' dol bho 1 Giblean 2017 gu 31 Màrt 2021.

Tha na dreuchdan seo air an riaghladh leis a' Choimiseanair airson Inbhean Beusail ann am Beatha Poblach na h-Alba.

Tha na dreuchdan seo pàirt-ùine, gheibh gach ball £179.20 gach latha agus tha dùil ann gun obraich iad trì latha sa mhìos air obair a' Bhùird.

Chan eil dreuchdan poblach eile aig gin de na buill ùra.

Tha gach neach air a chur an dreuchd ri linn cho airidh 's a tha iad, agus chan eilear a' gabhail ealla ri gnìomhan poilitigeach a tha tagraichean air a bhith ris nuair a thathar a' taghadh buill ùra. Ge-tà, a-rèir molaidhean Nolan, feumar gnìomhan poilitigeach a tha na buill ùra air a bhith ris thar na còig bliadhna a dh'fhalbh fhoillseachadh (ma bha gin ann).


Cha robh gin de na buill ùra ri gnìomhan poilitigeach thar na còig bliadhna a dh'fhalbh.

[DEIREADH]

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



04/04/2017

New Members Appointed to Bòrd Na Gàidhlig

Deputy First Minister John Swinney has announced the appointment of Allan Campbell, Fiona Dunn, Jennifer Gilmour and Mary Ann Kennedy as Members of Bòrd Na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig was established in 2005 by the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 (the Act) and is the national body responsible for promoting Gaelic language, culture and education in Scotland. Its statutory duties include the delivery of a National Plan for Gaelic and working with public bodies on the development of Gaelic Language Plans. Based in Inverness, the Bòrd currently manages Grant in Aid of £5.1m. More information can be found on the Bòrd's website at www.gaidhlig.scot.

Mr Swinney said:

"I am delighted to welcome Allan, Fiona, Jennifer and Mary Ann to the Board of Bòrd na Gàidhlig. The range of skills and experience they possess will no doubt prove valuable in helping Bòrd na Gàidhlig as it works towards its ultimate objective of reducing Gaelic language decline.

"This is an exciting time for Bòrd na Gàidhlig as they consult on and implement the third National Gaelic Language Plan 2017 – 2022. Additionally, in the last year we have seen the Gaelic provisions of the Education (Scotland) Act take effect, new Statutory Guidance on Gaelic Education published and a commitment to expand the provision of funded early learning and childcare from 600 hours to 1140 hours by 2020."

Allan Campbell has been active in Gaelic language and revitalisation for over 40 years and served as a special adviser to the Ministerial Advisory Group on Gaelic. Allan was appointed as CEO to Bòrd na Gàidhlig's predecessor, Bòrd na Gàidhlig (Alba), and continued to serve as CEO when the current body was established in 2005. He was awarded an Honorary Doctorate in 2008 by the University of Aberdeen for his contribution to Gaelic language development, and in 2010 was named Gaelic Ambassador of the Year by the Scottish

Government. Together with knowledge of Gaelic development Allan also brings to the Bòrd experience in marketing, economic and community development, and broadcasting. Allan is currently a co-opted member of Sabhal Mòr Ostaig's Estates and finance committee, Honorary Chieftain of Inverness Gaelic Society and was recently appointed President of An Comunn Gàidhealach.

Fiona Dunn is a Gaelic development and policy specialist with a wealth of experience in delivering a range of language development initiatives within the public and higher education sectors. Fiona was the first person to hold a Gaelic Development Officer role within Scottish higher education in 2009 and has previously held Director positions with key Gaelic organisations including Comunn na Gàidhlig and An Lochran. Fiona was awarded the Workplace Initiative Award in 2013 at the inaugural Gaelic Awards for her work at the University of Glasgow.

Jennifer Gilmour is a play leader with Cròileagan Dhùn Èideann. Jennifer is a Gaelic learner, recently graduating with a BA in Gaelic and Development from Sabhal Mòr Ostaig. Jennifer is an active committee member of Comann nam Pàrant Dhùn Èideann and served as its convener for two years during the successful campaign for a dedicated Gaelic school in Edinburgh. Jennifer is currently co-producing the City of Edinburgh Council's Gaelic Language Plan and is a member of the organising committee of Mòd Ionadail Dhùn Èideann.

Mary Ann Kennedy is an urban Gael, born and brought up in the multilingual, multi-cultural southside of Glasgow. She is a musician and broadcaster, running a successful residential recording and creative studio – Watercolour Music in Ardgour, Lochaber, with her husband, producer and musician, Nick Turner. She also has previous experience in news and current affairs, having run the BBC's Gaelic news service. Her own creative practice focusses on the Gaelic language in a contemporary creative setting, and her particular interests with the Bòrd lie in retention and reclamation of speakers, both learner and native, and in developing language skills through creative expression.

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Allan MacDonald, said: "I am very pleased to welcome our four new Board Members to Bòrd na Gàidhlig. Allan, Fiona, Jennifer and Mary Ann each bring with them a range of specialised skills and expertise which include community development skills, broadcasting, and practical knowledge in Gaelic education and language learning. These appointments will strengthen the Bòrd as we prepare the National Gaelic Language Plan for 2017 -2022, and we look forward to working with our new colleagues in the coming months and years. It is a very interesting and exciting time in the development of the language as the demand for Gaelic education grows on an annual basis and the number of Gaelic language plans increases across the length and breadth of Scotland, and audience figures remain very impressive between BBC ALBA and BBC Radio nan Gàidheal."

These appointments will be for four years and will run from 1 April 2017 to 31 March 2021.

*These appointments are regulated by the **Commissioner** for Ethical Standards in Public Life in Scotland.*

These appointments are part-time and attract a remuneration of £179.20 per day for a time commitment of 3 days per month.

None of the new members appointed to Bòrd na Gàidhlig currently hold no other Ministerial Appointments.

All appointments are made on merit and political activity plays no part in the selection process. However, in accordance with the original Nolan recommendations, there is a requirement for appointees' political activity within the last five years (if there is any to be declared) to be made public. As stated none of the new appointees upheld any political activity within the last five years.

[END]